

CAIRNGORMS  
NATIONAL PARK AUTHORITY

ÙGH DARRAS PÀIRC NÀISEANTA A'  
MHONAI DH RUAIDH

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaìdh Ruaidh

Plana Gàidhlig 2018 - 2022



Foillsichte le  
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh  
Ruaidh  
14 A' Cheàrnag  
Baile nan Granndach  
PH26 3HG

Fòn: 01479 873535  
Post-d: [enquiries@cairngorms.co.uk](mailto:enquiries@cairngorms.co.uk)

[www.cairngorms.co.uk](http://www.cairngorms.co.uk)

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn  
ann an clò mòr agus cruthan eile  
ma thèid seo iarraidh. Cuir fios  
gu Ùghdarras Pàirc Nàiseanta  
a' Mhonaidh Ruaidh air 01479  
873535. Tha i ri fhaighinn air  
[www.cairngorms.co.uk](http://www.cairngorms.co.uk) cuideachd.

© Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh  
Ruaidh 2018. Gach còir glèidhte.  
ISBN 978-1-906071-89-9

# Clàr-innse

	Taobh-duilleig
Facal-toisich	4
Ro-ràdh	5
Cùl-fhiosrachadh mu Ùghdarras Pàirc	5
Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	
Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba	6
Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Ùghdarras	6
Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	
In-sgrùdadh air comas cànan	8
Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra	11
A' bhuidhe aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig	13
Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	13
Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig	13
Prìomhachasan nàiseanta Riaghaltas na h-Alba	19
Prìomhachasan Riaghaltas Ionadail	20
Prìomhachasan Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	20
Gealltanasan a' Phlana	21
Gealltanasan àrd-ìre	21
Gealltanasan a thaobh bun-tomhasan seirbheis	21
Buileachadh agus Sgrùdadh	22
Clàr-ama	22
A' foillseachadh a' Phlana	22
Sanasachd airson a' Phlana	22
Goireasachadh a' Phlana	22
A' sgrùdadh a' Phlana	22
Fios conaltraidh	23
Earr-ràdh 1: Gealltanasan Àrd-ìre	24
Earr-ràdh 2: Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis	35
Earr-ràdh 3: In-sgrùdadh air comas cànan aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	38

## Facal-toisich

Bha a' Ghàidhlig ga bruidhinn air feadh sgìre a' Mhonaidh Ruaidh agus tha i fhathast ga bruidhinn san sgìre san latha an-diugh. Tha an cànan gu math follaiseach san sgìre cuideachd, le tòrr mòr ainmean-àite Gàidhlig ann. Tha luchd-tadhail, agus gu h-àraid an fheadhainn le sinnsirean Albannach, gu mòr airson Gàidhlig fhaicinn/chluinntinn fhad 's a tha iad ann an Alba, agus tha am Monadh Ruadh a' toirt deagh chothrom do dhaoine sin a dhèanamh tron dualchas agus tro na cruthan-tìre againn.

Tha muinntir Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' cur làn-fhàilte air a' Ghàidhlig cuideachd. San latha an-diugh, tha comas Gàidhlig air choireigin aig trì sa cheud de shluagh na pàirce - tha seo dà uiread cho mòr ris a' chuibheas nàiseanta. Tha dualchainntean Gàidhlig Shrath Spè agus Bhàideanach ann an cleachdadh cunbhalach le ceithir àiteachan a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha beairteas de cheòl Ghàidhealach, iomain agus mìneachadh air dualchas sna coimhearsnachdan.

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an libhrigeadh amasan fad-ùine na Pàirce Nàiseanta:

- Glèidhteachas: àite sònraichte airson daoine is nàdar far a bheil dualchas agus dualchas nàdarra air an neartachadh;
- Na dh'fhiosraicheas an Luchd-tadhail: daoine a' faighinn tlachd às a' phàirc tro thursan air leth is ionnsachadh air leth;
- Leasachadh dùthchail: eaconamaidh seasmhach a tha a' cumail taic ri gnìomhachasan agus coimhearsnachdan soirbheachail.

Tha mi fìor thoilichte gu bheil an dàrna Plana Gàidhlig againn airson 2018 - 2022, a chaidh a chruthachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) a' cur an cèill dealas Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson na Gàidhlig agus na tha e a' cur ri leasachadh a' chànain.

**Peter Argyle**  
**Neach-gairm**  
**Bòrd Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a'**  
**Mhonaidh Ruaidh**

## Ro-ràdh

### Cùl-fhiosrachadh mu Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Chaidh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a stèidheachadh anns a' Mhàirt 2003 agus thòisich obair Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh an uair sin - fhuair e na cumhachdan reachdail uile aige air 1 Sultain 2003. Tha sinn air ar dealbhadh airson a bhith nar bhuidheann a chuireas rudan an comas, a' brosnachadh obair com-pàirteachais, agus a' toirt ceannas do na com-pàirtichean uile a tha an sàs ann an stiùireadh na Pàirce. Cha bhi sinn a' dùblachadh obair bhuidhnean eile, mar eisimpleir, na buidhnean iomairt no Dualchas Nàdair na h-Alba, ach tha sinn an seo airson dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach cheangailte ann airson pròiseactan is iomairtean a tha a' cuideachadh gus na ceithir amasan aig a' Phàirc a chur an gnìomh, is iad sin:

- a bhith a' glèidheadh is a' cur ri dualchas agus dualchas nàdarra na sgìre;
- a bhith a' brosnachadh cleachdadh seasmhach de stòrasan nàdarra na sgìre;
- gus tuigse agus tlachd a bhrosnachadh (a' gabhail a-steach tlachd tro chur-seachad) ann am feartan sònraichte na sgìre leis a' phoball;
- a bhith a' brosnachadh leasachadh eaconamach agus sòisealta coimhearsnachdan an àite.

'S iad na dleastanasan reachdail againn planadh agus leasachadh, ruigsinneachd a-muigh agus a bhith a' cruthachadh Plana Leasachaidh Ionadail agus Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

Tha raointean obrach eile mar eisimpleir leasachadh eaconamach, seirbheisean nam maor-dùthcha, ionadan fiosrachaidh luchd-tadhail, soidhnichean slighe agus mìneachadh air an libhrigeadh tro obair com-pàirteachaidh. Mar eisimpleir, cha bhi sinn a' fastadh maor-dhùthcha, an àite sin bidh sinn a' maoinachadh sheirbheisean maor sa Phàirc agus ag obair còmhla riutha.

Ann am foghlam bidh sinn a' cumail taic ri còig Ùghdarrasan Ionadail (Siorrachd Obar Dheathain, Aonghas, Comhairle na Gàidhealtachd, Moireibh agus Peairt is Ceann Rois) agus ri Foghlam Alba gus pròiseactan a chur air dòigh a chuidicheas iad gus an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus leasachadh proifeiseanta leantainneach a libhrigeadh.

Tha sinn cuideachd a' dèanamh gealltanasan soilleir mu na bhios sinn (Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh) a' libhrigeadh mar bhuidhinn chorpóra a thaobh a' Phlana Ghàidhlig, agus obrachaidh sinn le, agus aontaichidh sinn ri, com-pàirtichean de thèid a' libhrigeadh ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a thaobh na Gàidhlig.

Tha mu 70 luchd-obrach aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh cho math ri 19 buill den bhòrd. Tha sinn air ar maoinachadh le Riaghaltas na h-Alba agus bidh Riaghaltas na h-Alba a' taghadh seachdnar de na buill bùird againn. Tha seachdnar bhall eile den bhòrd air an ainmeachadh dhan bhòrd leis na còig comhairlean anns a' Phàirc - Siorrachd Obar Dheathain (2), Aonghas (1), a' Ghàidhealtachd (2), Moireibh (1) agus Peairt is Ceann Rois (1) - agus chaidh còig a thaghadh gu h-ionadail. Tron bhòrd againn, tha sinn cunntachail dhan



Mhinistear agus mar sin do Phàrlamaid na h-Alba. Tha oifisean aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ann am Baile nan Granndach agus Bealadair.

## Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, fèin-aithne is cultar na h-Alba agus na Pàirce. Tha sinn ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba agus ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh san àm ri teachd. Tha sin ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig
- ionnsachadh is togail na Gàidhlig a bhrosnachadh
- barrachd cleachdadh den Ghàidhlig a bhrosnachadh

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha i a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a

leasaicheas sinn a' Ghàidhlig. Chaidh a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

'S e Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' Phàirc Nàiseanta as motha san RA le meudachd de 4,528km ceàrnagach, le sluaigh de chòrr is 18,000 neach-còmhnaidh, agus i a' gabhail a-steach còig sgìrean ùghdarrais ionadail:

- Siorrachd Obar Dheathain
- Siorrachd Aonghais
- A' Ghàidhealtachd
- Moireibh
- Peairt is Ceann Rois

Tha eachdraidh bheartach aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a thaobh chànanan is dualchais. Thàinig a' Ghàidhlig gu bhith na phrìomh chànan ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh còrr is 1,000 bliadhna air ais (a' gabhail àite cànan is dualchas nan Cruithneach) agus air sgàth sin tha a' mhòr-chuid de na h-ainmean-àite anns a' Phàirc nan ainmean Gàidhlig bho thùs. Ach, anns an 18mh is 19th linn, dh'fhàs tòrr dhaoine ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh dà-chànanach agus a' Bheurla-Ghallda aca a bharrachd air a' Ghàidhlig. Air taobh an ear na Pàirce, tha dualchainnt Doric an àite ga bruidhinn gu farsaing agus tha e a' cur ri dualchas is eachdraidh an àite.

A rèir cunntas-sluaigh 2011, bha comas aig 657 daoine aig aois 3 no sine Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh agus/ no a thuigsinn (3.6 sa cheud de shluaigh

na Pàirce agus 0.8 sa cheud de luchd-labhairt iomlan na Gàidhlig); thuirt 146 gum biodh iad a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh (0.8% de shluagh na Pàirce agus cha mhòr cairteal de luchd labhairt na Gàidhlig anns an sgìre). Tha a' mhòr-chuid de na daoine aig a bheil Gàidhlig a' fuireach ann am Bàideanach agus Srath Spè. A rèir fiosrachaidh a dheasaich Bòrd na Gàidhlig a thaobh na bliadhna sgoile 2016-17, bha sgoilearan ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na sgoil-àraich is nan trath bhliadhnaichean agus 32 sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' bhun-sgoil ann am Baile Ùr an t-Slèibh. Bha cuideachd 10 sgoilear ann a bha fileanta sa Ghàidhlig a bha ag ionnsachadh tro mheadhan a' chàinain ann an Àrd-sgoil Cheann a Ghiùthsaidh. 'S i a' Ghàidhlig an dàrna cànan a tha ga theagasg do luchd-ionnsachaidh ann am Bun-sgoil Bhaile nan Granndach. Tha grunn chompanaidhean agus buidhnean saor-thoileach Gàidhlig ag obair anns a' Phàirc, no faisg oirre, a tha a' tairgse sheirbheisean Gàidhlig no seirbheisean cultarach na Gàidhlig (tha cuid aca a' faighinn taic agus/no pàirt mhaoineachadh bho Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh). Am measg nam buidhnean saor-thoileach anns a' Phàirc, tha Sinne (Buidheann Ghàidhlig Shrath Spè is Bhàideanach) a bhios a' toirt seachad tachartasan ionnsachaidh is coinneachaidh airson luchd-ionnsachaidh is fileantaich na Gàidhlig agus 'Gàidhlig anns a' Phàirc', buidheann iomairt Ghàidhlig.

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' maoineachadh grunn de na gnìomhan agus cùrsaichean tro Bhuidheann Gníomha LEADER a' Mhonaidh Ruaidh airson pròiseact Spòrs

Gàidhlig aig Comunn na Gàidhlig, a' cruthachadh cothrom gus cùrsaichean a-muigh tron Ghàidhlig agus cùrsaichean Gàidhlig a libhrigeadh. Tha sinn cuideachd air grunn chùrsaichean mothachaidh Gàidhlig a ruith tro Phròiseact Trèanaidh Stiùireadh an Fhearainn airson a' phobail, buill a' bhùird agus luchd-obrach.

A thaobh na h-Alba air fad, b' e 87,056 (1.9% de shluagh na h-Alba) an àireamh iomlan de dhaoine aois trì no nas sine a chaidh a chlàradh le comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus/no a thuigsinn ann an cunntas-sluaigh 2011. Den fheadhainn sin, b' e an àireamh iomlan de dhaoine a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn 57,602 (1.1% de shluagh na h-Alba).

Ged a lean an crìonadh anns an àireimh de dhaoine aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn bhon chunntas-sluaigh mu dheireadh, chaidh an àireamh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh an àirde a-rithist eadar 2001 agus 2011, rud a tha a' sealltainn, a rèir coltais, gu bheil litearrachd sa Ghàidhlig a' fàs agus gus bheil barrachd luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann. Chaidh an àireamh de dhaoine òga fo aois 25 aig an robh Gàidhlig am meud cuideachd eadar 2001 agus 2011. Chan eil figear ùghdarrasail ann airson an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach nach eil fileanta fhathast.

Ach, fhuair an sgrùdadh bliadhna aig Bòrd na Gàidhlig ann an 2016 a-mach gun robh mu 3,467 ann an Alba. Tha mu 4,500 sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile aig an ìre seo, le 1,000 a bharrachd ann an sgoiltean-

àraich tro mheadhan na Gàidhlig. Ann am Foghlam tro mheadhan na Beurla, tha mu 3,000 sgoilear a' dèanamh na Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil gach bliadhna eadar S1 agus S6. Bidh tòrr chloinne ann an sgoiltean tro mheadhan na Beurla ag ionnsachadh na Gàidhlig mar Chànan 2 no Cànan 3 gach bliadhna. (Bho: Sgrùdadh bliadhna Bhòrd na Gàidhlig)

Ge b' e dè na h-àireamhan iomlan a th' ann de luchd-labhairt na Gàidhlig, thathar an dùil gun lean na treandaichean de dh'àrdachadh ann an litearrachd, barrachd luchd-ionnsachaidh fileanta agus fàs ann an FtG, a' ciallachadh barrachd fèill air seirbheisean.

### **In-sgrùdadh air comas cànan**

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' dèanamh sgrùdadh bliadhna air a' chomas Ghàidhlig taobh a-staigh na buidhne agus chaidh feart a thoirt air toradh an sgrùdaidh seo nuair a bhathar a' cruthachadh gheallaidhean a' Phlana seo, agus chuidich an sgrùdadh sinn gus co-dhùnadh mar a bhiodh sinn a' stèidheachadh, a' glèidheadh no a' leasachadh chleachdaidhean gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig. Tha a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne is cultar na h-Alba agus na Pàirce, agus tha sinn air aontachadh mar-thà grunn gnìomhachdan a dhèanamh le luchd-obrach, com-pàirtichean agus leis a' phoball, a bhios a' cur air adhart Gàidhlig agus a cultar. Tha na h-oifisean againn a' taisbeanadh an dealais a th' againn agus a' togail aire mun Ghàidhlig. Tha na bùird-brath ann an Oifis Bhaile nan Granndach a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich agus beagan teacsa tòiseachail sa Ghàidhlig, agus tha glèidheadair nam

bileagan a' cleachdadh a' bhrannnd dhà-chànanaich agus bidh lethbhreacan de bhileag nan Ainmean-àite ann.

Tha an sgrùdadh bliadhna againn air comas Gàidhlig a' sealltainn nach eil luchd-obrach sam bith againn a tha fileanta no adhartach anns a' Ghàidhlig, a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig no aig a bheil comasan Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh. Ach, thuirt 50% den luchd-obrach gum biodh ùidh aca ann a bhith a' togail sgilean Gàidhlig.

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' maoinachadh agus a' ruith grunn phròiseactan, cùrsaichean trèanaidh agus tachartasan a bhios a' brosnachadh, a' leasachadh agus a' toirt fàs air a' Ghàidhlig agus a cultar, an dà chuid airson luchd-obrach agus airson a' phobail. Tha sinn a' tairgse trèanadh Gàidhlig tro dhiofar phrògraman, a' gabhail a-steach Pròiseact Trèanaidh Stiùireadh an Fhearainn agus a' maoinachadh cùrsa mothachaidh Gàidhlig airson luchd-obrach agus airson a' bhùird. B' e cùrsa leth-latha a bha seo, a thog aire mun Ghàidhlig agus a chomharraich a h-àite anns a' Phàirc.

Bithear a' tairgse trèanadh agus ionnsachadh na Gàidhlig do luchd-obrach tron t-siostam measaidh againn agus cumaidh sinn oirnn a bhith a' brosnachadh is a' tairgse nan cothroman seo nuair a dh'èiricheas iad. Chaidh stiùireadh mun Ghàidhlig a thoirt dhan luchd-obrach air fad, a' gabhail a-steach stiùireadh mu bhith a' dèiligeadh ri ceistean a gheibhear sa Ghàidhlig gus taic is misneachd a thoirt do luchd-obrach a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo, tha sinn air dèiligeadh ri dà cheist



anns a' Ghàidhlig agus fhreagair sinn iad taobh a-staigh nan amannan freagairt àbhaisteach againn.

Tha am poileasaidh fastaidh is taghaidh ag ràdh:

'Bu chòir eòlas air cànanan traidiseanta na Pàirce mar a' Ghàidhlig a bhith na bhuannachd far am bi e na chuideachadh gus cur gu h-èifeachdach ri amasan Plana Com-pàirteachais na Pàirc Nàiseanta. Far a bheil ìre shònraichte de sgilean Gàidhlig mar phàirt den tuairisgeul obrach, bu chòir an dreuchd a bhith air a sanasachd gu dà-chànanach.'

Gu ruige seo, chaidh sia obraichean a shanasachd far an robh Gàidhlig na buannachd, ach cha robh tagraiche sam bith ann aig an robh Gàidhlig. Cha deach obair sam bith a shanasachd mar 'Ghàidhlig riatanach' oir cha robh obair sam bith ann far an robh seo riatanach. Tha sgrùdadh air comasan Gàidhlig air a bhith mar phàirt de dh'fhoirmean iarrais airson obraichean bhon Chèitean 2015.

Tha suaicheantas corporra dà-chànanach ùr aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a tha a' nochdadh spèis cho-ionnan agus tha e ga chleachdadh air na foillseachaidhean corporra, duilleagan lìn, litrichean, bileagan buidheachais agus cairtean gnìomhachais againn. Tha a' bhileag againn mu Ainmean-àite Gàidhlig a' cuideachadh luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail gus tuigse fhaighinn air dè na h-ainmean-àite a thàinig bhon Ghàidhlig agus na tha iad a' ciallachadh. Tha fèill mhòr air a bhith air seo agus tha sinn air iomadh ath-bhreacadh a dhèanamh oirre airson sgaoileadh air feadh na Pàirce Nàiseanta. Bidh ro-ràdh sa Ghàidhlig anns na foillseachaidhean reachdail is poileasaidhean uile againn.

Tha a brannd fhèin aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh Tha seo eadar-dhealaichte ris an t-suaicheantas chorporra aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus tha seo mar phàirt den dearbh-aithne aig a' Phàirce Nàiseanta seach aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Tha dearbh-aithne brannd stannardach (suaicheantas) ann a bharrachd air dreach dà-chànanach (a chaidh a leasachadh ann an 2015) agus tha sinn air seo a chleachdadh ann an grunn phròiseactan, nam measg comharran intrigidh, an làrach-lìn againn agus stuthan mìneachaidh. Tha uallach iomlan air bòrd Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson brannd na Pàirce agus faodaidh duine sam bith a chleachdadh ma dh'aontaicheas iad ris an stiùireadh ann an Cairt a' Bhrann. Tha a' Ghàidhlig ga comharrachadh tron tionndadh dhà-chànanach den dearbh-aithne brannd againn air feadh na Pàirce. Tha e air a chleachdadh air grunn diofar comharraichean air na slighean a-steach dhan Phàirc, agus air panoramathan (tha an dà chuid air an dèanamh is air am maoineachadh le Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh). Tha fàilte agus beagan teacsa sa Ghàidhlig air na panoramathan a tha air an taisbeanadh ann an ionadan nam maor-dùthcha agus ionadan fiosrachaidh luchd-tadhail cho math ris an fheadhainn ann an coimhearsnachdan. Chithear an tionndadh Gàidhlig den bhrann ann an àiteachan air feadh na Pàirce agus bidh sinn a' toirt seachad comhairle agus taic gus barrachd cleachdadh den Ghàidhlig a bhrosnachadh nuair a bhios seo iomchaidh.

Bidh sin a' cumail sùil air agus a' measadh nan gnìomhachdan Gàidhlig uile, a'

gabhail a-steach stuthan corporra agus soidhnichean Gàidhlig agus dà-chànanach, foillseachaidhean, susbaint lìn, stuthan taic, stuthan foghlaim, tachartasan, meadhanan is meadhan sòisealta agus pròiseactan foghlaim, mar eisimpleir, Duais Iain Muir a tha ri fhaighinn anns a' Ghàidhlig. Tha pròiseact LEADER a' Mhonaidh Ruaidh cuideachd a' cumail taic ri pròiseactan Gàidhlig, mar eisimpleir, am pròiseact Spòrs Gàidhlig, a tha gu bhith air a libhrigeadh le Comunn na Gàidhlig le maoin eachadh de suas ri £90,000. Tha seo uile mar phàirt den aithisg adhartas bhliadhnail againn a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus a bhios air foillseachadh air an làraich-lìn againn. (Faic na h-Aithisgean Adhartais againn air a' Phlana Gàidhlig.)

## Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorpóra

Tha am Plana seo na phoileasaidh aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus chaidh aontachadh le ar àrd-sgioba stiùiridh agus le buill a' bhùird. 'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh:

### **Grant Moir**

#### **Àrd-oifigear**

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

14 A' Cheàrnag

Baile nan Granndach PH26 3HG

01479 870509

[grantmoir@cairngorms.co.uk](mailto:grantmoir@cairngorms.co.uk)

'S e an t-oifigear le uallach obrachail làitheil airson cur an gnìomh Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh Ceannard a' Chonaltraidh agus a' Chom-pàirteachaidh. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

### **Francoise van Buuren**

#### **Ceannard a' Chonaltraidh agus a'**

#### **Chom-pàirteachaidh**

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

14 A' Cheàrnag

Baile nan Granndach PH26 3HG

01479 870523

[francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk](mailto:francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk)

'S e a' bhuidheann a bhios a' sgrùdadh cur an gnìomh a' Phlana gu cunbhalach taobh a-staigh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' bhuidheann air a bheil Buidheann Riaghlaidh an Ùghdarras:

### **Francoise van Buuren**

#### **Ceannard a' Chonaltraidh agus a' Chom-pàirteachaidh**

[francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk](mailto:francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk)

### **Gavin Miles**

#### **Ceannard a' Phlanaidh is an Leasachaidh Dhùthchail**

[gavinmiles@cairngorms.co.uk](mailto:gavinmiles@cairngorms.co.uk)

### **Kate Christie**

#### **Ceannard Leasachaidh na Buidhne**

[katechristie@cairngorms.co.uk](mailto:katechristie@cairngorms.co.uk)

### **Pete Crane**

#### **Ceannard Seirbheisean Luchd-tadhail**

[petecrane@cairngorms.co.uk](mailto:petecrane@cairngorms.co.uk)

### **Will Boyd Wallis**

#### **Ceannard Stiùreadh Fearainn is**

#### **Glèidhteachais**

[willboydwallis@cairngorms.co.uk](mailto:willboydwallis@cairngorms.co.uk)

Gheibh an luchd-obrach uile naidheachd gach bliadhna mun adhartas a rinn sinn leis a' Phlana Ghàidhlig againn, cho math ri plana gnìomha airson nan 12 mìos ri thighinn. Tha seo a' comharrachadh gnìomhan sònraichte, cinn-latha agus cò tha an urra ri bhith gan cur an gnìomh. Chaidh iarraidh air an luchd-obrach air fad na beachdan aca a chur a-steach dhan obair cho-chomhairle air a' Phlana Ghàidhlig againn. Chan eil oifigear Gàidhlig air leth againn oir tha libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig leabaichte ann an planaichean obrach an luchd-obrach tron bhuidhinn air fad. A bharrachd air seo, mar phàirt an dà chuid den Phlana Ghàidhlig seo agus den Ro-innleachd Òigridh againn, bidh sinn a' toirt seachad inntearnas fad trì mìosan do neach-labhairt Gàidhlig gach dà bhliadhna (ma tha am buidseat ann). Bidh seo a' ciallachadh gum faigh

sinn oileanach a tha gar cuideachadh gus am Plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' cuideachadh oileanach Gàidhlig gus obair fhaighinn.

Bidh sinn a' toirt seachad comhairle agus taic fhor-ghnìomhach do ghnìomhachasan agus do bhuidhnean coimhearsnachd taobh a-staigh na Pàirce gus Gàidhlig a chleachdadh mar Stòras tron iomairt 'Make it Yours', stiùiridhean air an làraich-lìn againn agus tro cheangal dìreach ri pròiseactan sònraichte a tha a' gabhail àite sa Phàirc, m.e. slighe turasachd nan Rathaidean-sneachda.

## A' bhuaidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha sinn ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà.

Nì sinn sgrùdadh air gealltanasan poileasaidh gus cothroman a lorg annta gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsapal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh poileasaidhean, cuimhnichidh sinn air na gealltanasan a chaidh a dhèanamh anns a' Phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuaidh a bheir iad air a' Ghàidhlig a rèir Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

### **Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh**

Gus a' Ghàidhlig a leabachadh anns an dòigh sam bi Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' dèanamh a chuid obrach, tha am Plana Gàidhlig air a stiùireadh leis an Àrd-oifigear agus tha Buidheann Riaghlaidh an Ùghdarras a' cumail sùil air buileachadh a' Phlana. Bidh Planaichean-gnìomha Gàidhlig Bliadhna a' toirt gnìomhan sònraichte do luchd-obrach air feadh na buidhne mar phàirt de na planaichean is dleastanasan obrach àbhaisteach aca. Gach bliadhna,

thèid aithisg adhartais ullachadh agus fhoillseachadh air làrach-lìn Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Bidh an aithisg seo a' gabhail a-steach gnìomh sam bith a tha air a' chomharrachadh agus air an libhrigeadh tro Phlana Com-pàirteachais na Pàirc Nàiseanta agus ag aithris air a' bhuaidh a bh' aig seo air follaiseachd is cleachdadh na Gàidhlig.

### **Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig**

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cur prìomhachas air sia prìomh raointean leasachaidh, agus tha gach raon fìor chudromach dhan iomairt gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus tha am plana a' comharrachadh prìomh bhuilean co-cheangailte ris gach raon.



## Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Raon Leasachaidh	Prìomh bhuilean
<b>Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean</b>	Àrdachadh air togail is cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga san dachaigh agus àireamhan air an àrdachadh den chloinn a' dol a-steach ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.
<b>Foghlam</b>	<p><b>Sgoiltean agus Luchd-teagaisg</b>                      Àrdachadh gach bliadhna san àireamh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG), a' dùblachadh na h-àireimh bliadhnaile a tha a' tòiseachadh an-dràsta gu 800 ann an 2017.</p> <p>Àrdachadh bliadhnaile san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.</p> <p>Leudachadh air na tha de chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.</p> <p><b>Foghlam: foghlam seach-sgoile</b>                      Àrdachadh san àireamh inbheach a tha a' togail na Gàidhlig bhon 2,000 no mar sin a th' ann an-dràsta gu 3,000 ann an 2017, agus leasachadh air sgilean cànain fhileantaich.</p>
<b>Coimhearsnachdan</b>	Barrachd chothroman aig coimhearsnachdan is lìonraidhean luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh, is a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh barrachd ann an tachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.
<b>Àite-obrach</b>	Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnadh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig airson gun gabh seirbheisean a thoirt seachad sa chànan.
<b>Ealain agus Meadhanan; Dualchas is Turasachd</b>	<p>Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun na cànain agus an deagh-ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh.</p> <p>A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feum a bhith ga dhèanamh den Ghàidhlig ann a bhith a' mineachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.</p>
<b>Corpas</b>	Co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpais Ghàidhlig gus a' Ghàidhlig mar chànan a dhèanamh làidir, feumail, riaghailteach agus follaiseach ann an Alba.

Tha sinn air cur romhainn gus cuidich sinn le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrann seo, tha sinn a' cur an cèill mar a tha sinn an dùil taic a chumail ri coileanadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

### **Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean**

Tha sinn ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh agus air na tràth-bhliadhnaichean gus seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dachaigh agus anns na tràth-bhliadhnaichean ann an Alba:

- cruthaich cothroman do luchd-tadhail / teaghlachan gus eòlas a chur air a' Ghàidhlig anns a' Phàirc (m.e. bileagan nan Ainmean-àite Gàidhlig, mìneachadh, sanasachd agus conaltradh tro stuthan taice, meadhanan sòisealta agus tron làraich-lìn againn);
- broснаich agus cùm taic ri Duaisean Iain Muir dhan teaghlach tron Ghàidhlig.

### **Foghlam**

Tha sinn a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach san àm ri teachd gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha foghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha ann a bhith ruighinn air a' cheann-uidhe seo. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil

a chruthachadh airson fàs air àireamh an luchd-labhairt ann an Alba:

- obraich còmhla ri sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean gus pròiseact(an) foghlaim Gàidhlig a libhrigeadh;
- tha togail aire mun Ghàidhlig agus sgilean cànan mar phàirt den obair aig sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh;
- cruthaich cleachdaidhean obrach soilleir le com-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh a tha a' comharachadh buntainneachd na Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta agus aontaich air dòighean anns am faod Gàidhlig a bhith mar phàirt de dh'obair a' chom-pàirtiche le buidhnean foghlaim;
- dèan obair chom-pàirteachaidh le buidhnean foghlaim a tha a' cleachdadh na Gàidhlig a tha ag obair anns a' Phàirc Nàiseanta gus ionnsachadh bhuapa agus gus an obair aca a bhrosnachadh;
- sùil a chumail air na goireasan foghlaim againn agus an ùrachadh agus barrachd sanasachd a dhèanamh orra sin mura h-eil iad air an cleachdadh mòran;
- a' leantainn oirnn le brosnachadh goireasan Duais Iain Muir anns a' Ghàidhlig anns a' Phàirc tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh.

### **Coimhearsnachd**

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an cleachdadh aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach

nar beatha làitheil. Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' tuigsinn cuideachd nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhìth gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànain a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh chonaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba:

- cuir ri cleachdadh an t-suaicheantais chorporra dhà-chànanach agus de bhrannnd dhà-chànanach na Pàirce, agus cuir ris an àireamh de chompanaidhean aig a bheil cead brannd na Pàirce a chleachdadh;
- dèan ath-sgrùdadh air na soidhnichean dà-chànanach anns na h-oifisean againn ann am Baile nan Grandach agus Bealadair ;
- nochdaidh na rudan a leanas co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla: dearbh-aithne/ suaicheantas corporra, ceann-litreach, soidhnichean aig oifisean Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, fiosrachadh 'Mun Ùghdarras' air an làraich-lìn againn
- bidh luchd-obrach comasach air dèiligeadh ri ceistean (fàilteachas, fòn, post-d, post, foirmean, coinneamhan poblach, gearanan) anns a' Ghàidhlig agus a' freagairt taobh a-staigh nan slatan-tomhais àbhaisteach (gus am bi

cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig ag obair aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, bidh feum againn air cuideachadh bho bhuidhnean com-pàirteach agus/no seirbheisean eadar-theangachaidh proifeiseanta), brosnach agus cùm sùil air an ìre cleachdaidh de na seirbheisean seo agus thoir trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach oifis a bhios ag obair leis a' phoball gach bliadhna;

- cuir ri cleachdadh na Gàidhlig tron obair dhàimh meadhanan, meadhanan sòisealta, foillseachaidhean corporra, agus air an làraich-lìn againn agus anns na stuthan taice againn aig tachartasan;
- Thèid Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus aithisgean adhartais bliadhnail fhoillseachadh air [www.cairngorms.co.uk](http://www.cairngorms.co.uk) agus thèid am brosnachadh anns an lèirmheas bhliadhnail againn;
- lean oirnn le bhith a' dèanamh agus a' sgaoileadh na bileig mu ainmean-àite agus a bhith a' cur ri eòlas mu ainmean-àite Gàidhlig ann an, agus faisg air, a' Phàirc gus cur ri tuigse air cleachdadh an fhearainn san àm a dh'fhalbh agus gus cleachdadh fearainn san àm ri teachd a threòrachadh;
- cuir seiseanan mothachaidh Gàidhlig air dòigh airson buidhnean coimhearsnachd agus gnìomhachasan ionadail gach dà bhliadhna;
- dèan obair chom-pàirteachaidh le buidhnean Gàidhlig sa choimhearsnachd a tha ag obair anns a' Phàirc Nàiseanta gus ionnsachadh bhuapa agus gus an obair aca a bhrosnachadh.

### **Àite-obrach**

We recognise that Gaelic is an  
iTha sinn a' gabhail ris gu bheil Gàidhlig

na sgil chudromach a tha cur ri comasan is èifeachdas ar luchd-obrach agus gum bi e na bhuannachd do mhargaidh-obrach na Gàidhlig san fharsaingeachd ma thèid sgilean Gàidhlig aithneachadh gu foirmeil agus gu follaiseach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus cur ris a' chomas againn a thaobh na Gàidhlig agus ri cleachdadh na Gàidhlig mar chànan an àite-obrach ann an Alba:

- thèid trèanadh mothachaidh Gàidhlig a thairgse dhan luchd-obrach agus dhan bhòrd gach bliadhna;
- gheibh luchd-obrach an ionaid fàilte trèanadh mothachaidh Gàidhlig gach bliadhna agus stiùireadh mu bhith a' dèiligeadh ri ceistean bho luchd-labhairt na Gàidhlig airson an luchd-obrach uile;
- dèan sanasachd airson cothroman trèanaidh Gàidhlig taobh a-muigh na buidhne agus thoir cothrom dhan luchd-obrach agus dhan bhòrd pàirt a ghabhail annta le bhith a' toirt tìde dhaibh airson a dhol gu cùrsaichean trèanaidh agus le bhith a' pàigheadh nan cosgaisean co-cheangailte;
- lean oirnn leis a' phoileasaidh fastaidh againn a tha ag aithneachadh na Gàidhlig mar nì feumail no riatanach a rèir nàdar na dreuchd - ma tha comas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh na riatanas obrach, thèid feart iomchaidh a thoirt dhan chomas cànan agus thèid a shanasachadh gu dà-chànanach;
- mar phàirt den ro-innleachd Fastaidh Òigridh, cuiridh sinn pròiseact Gàidhlig air dòigh, a thèid a thairgse mar inntearnas trì mìosan do dh'oileanach;
- cuir trèanadh mothachaidh Gàidhlig air dòigh mar phàirt den trèanadh inntrigidh do mhaoir-dhùthcha shaor-thoilich/saor-thoilich eile;
- thoir stiùireadh do luchd-obrach gus an cuideachadh gus cur ris a' Ghàidhlig a bhios iad a' cleachdadh san obair làitheil aca;
- sgrùdadh bliadhnail air mothachadh Gàidhlig am measg an luchd-obrach;
- mìos mothachaidh na Gàidhlig gu bhith ann gach mìos gus am bi barrachd fios aig daoine mun Phlana Ghàidhlig agus gus brosnachadh a thoirt don luchd-obrach a thaobh na Gàidhlig;
- Na h-aithisgean adhartais bliadhnail gu bhith air an sanasachd dhan luchd-obrach agus dhan bhòrd againn agus gu bhith air am foillseachadh air an làraich-lìn againn agus anns an lèirmheas bhliadhnail againn;
- ullach plana-gnìomha bliadhnail gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh.

### ***Meadhanan agus Ealain; Dualchas agus Turasachd***

Tha sinn ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha gnìomhachasan nam meadhanan, nan ealain, dualchais agus turasachd ann a bhith a' toirt taic dhan amas gus cleachdadh na Gàidhlig is ùidh sa chànan a dhaingneachadh is a mheudachadh air feadh na h-Alba. Tha sinn cuideachd a' gabhail ris gu bheil na raointean sin a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air a' Ghàidhlig (meadhanan is ealain agus dualchas is turasachd) ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta:

- a' leantainn oirnn le bhith a' toirt seachad stuthan le branndadh Gàidhlig airson tachartasan, agus fiosrachadh mun àite aig a' Ghàidhlig ann an

dualchas agus eachdraidh na Pàirce airson tachartasan;

- a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh air cothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh a chuireas ri a faicsinneachd air feadh na Pàirce, le fòcas air àiteachan a tha tarraingeach do luchd-tadhail agus àiteachan fiosrachaidh;
- ag obair còmhla ri Oifigear Ealain/ Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail gus ealain is cultar na Gàidhlig a chur air adhart anns a' Phàirc;
- obraich le Oifigear Margaidheachd Gàidhlig VisitScotland gus cothroman a chruthachadh gus eòlas a chur air a' Ghàidhlig taobh a-staigh na Pàirce;
- obraich còmhla ri com-pàirtichean gus 'Gàidhlig mar Stòras' a bhrosnachadh tron làraich-lìn airson buidhnean com-pàirteachaidh, gnìomhachasan ionadail agus buidhnean foghlaim às am faigh iad cleachdadh is buannachd;
- cuir ri cleachdadh na Gàidhlig tron obair dhàimh meadhanan, meadhanan sòisealta, foillseachaidhean corporra, agus air an làraich-lìn againn agus anns na stuthan taice againn aig tachartasan.

las mu ainmean-àite Gàidhlig ann an, agus faisg air, a' Phàirc gus cur ri tuigse air cleachdadh an fhearainn san àm a dh'fhalbh agus gus cleachdadh fearainn san àm ri teachd a threòrachadh:

- lean oirnn le bhith a' cleachdadh deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh airson an eadar-theangachaidh Gàidhlig a bhios a dhìth oirnn gus na seirbheisean poblach corporra againn a thoirt seachad.

## Corpas

Tha sinn a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach sa tha e deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh mun chànan. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus corpas na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba:

- leanaidh sinn oirnn le bhith a' dèanamh agus a' sgaoileadh na bileig mu Ainmean-àite agus a bhith a' cur ri eò-



## Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha e na rùn aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh na builean agus amasan ann am Frèam-obrach Riaghaltas na h-Alba a choileanadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' comharrachadh mar a chuidicheas na raointean leasachaidh sa Phlana Ghàidhlig againn le a bhith a' libhrigeadh nam builean coileanaidh nàiseanta anns an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta ùr a chuir a' Phrìomh Mhinistear air bhog ann an 2018.

Raointean Leasachaidh	Buil Nàiseanta
<b>Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean</b>	Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte. Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing.
<b>Foghlam</b>	Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing.
<b>Coimhearsnachd</b>	Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.
<b>Àite-obrach</b>	Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach.
<b>Ealain agus Meadhanan; Dualchas agus Turasachd</b>	Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd.
<b>Corpas</b>	Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.

## **Prìomhachasan riaghaltais ionadail**

Obrachaidh sinn leis na còig Ùghdarrasan Ionadail ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh: Siorrachd Obair Dheathain, Aonghas, Comhairle na Gàidhealtachd, Moireibh agus Peairt is Ceann Rois gus dòighean a chomharrachadh anns an urrainn dhan Phlana Ghàidhlig againn cur ri prìomhachasan aig Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, Aonta Buil Shingilte agus anns na Planaichean Gàidhlig aca fhèin.

## **Prìomhachasan Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh**

Obrachaidh sinn le com-pàirtichean libhrigidh Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh gus co-throman a chomharrachadh far am b' urrainn dhan Phlana Ghàidhlig againn cur ris na prìomhachasan ann am Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson 2017-2022, a' gabhail a-steach:

- libhrig gnìomhan glèidhteachais co-òrdanaichte tro Phròiseact Cruth-tìre Thom an t-Sabhail agus Gleann Liobhaidh;
- thoir seachad deagh fhàilte chunbhalach tro fhiosrachaidh ùr agus leasaichte, taic do sheirbheisean nam maor-dùthcha agus obair chom-pàirteachais gus taic a chumail ri gnìomhachasan, coimhearsnachdan agus àiteachan a tha a' tarraing luchd-turais;

- cuir crìoch air slighean turasachd nan Rathaidean Sneachda agus cuir air dòigh rudeigin coltach ris air an A9;
- thoir seachad prògraman ionnsachaidh a-muigh, m.e. Duais Iain Muir agus maoir-dhùthcha òga;
- thoir cothrom do chlann air feadh na h-Alba a bhith a' tadhail air pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh mar phàirt den bheatha sgoile aca gus ionnsachadh mun Phàirc agus gus ceangail a dhèanamh rithe ann an co-obrachadh leis na Teàrmainn Nàdair Nàiseanta agus Pàirc Nàiseanta Loch Laoimainn is nan Tròisichean;
- cruthaich agus dèan sanasachd airson stòrasan ionnsachaidh is cothroman trèanaidh a tha ga dhèanamh nas fhasa do sholaraichean foghlaim a' Phàirce Nàiseanta a chleachdadh;
- cruthaich 'Pàirc airson na h-uile' tro bhith a' cur às do bhacaidhean agus a' brosnachadh barrachd iomadachd am measg an fheadhainn a tha a' gabhail pàirt anns a' Phàirc Nàiseanta agus a' coimhead às a dèidh tro fhoghlam fad-bheatha;
- co-obraich tro structaran planadh coimhearsnachd gus taic agus fiosrachadh a thoirt do choimhearsnachdan;
- stèidhich iomairt prìomhachais ùr gus taic/co-obrachadh nas fheàrr a thoirt do sgìre Dail Chuinnidh, Ceann a' Ghiùthsaidh, an Lagain agus Baile Ùr an t-Slèibh bho 2019/20, a' dèanamh an fheum as fheàrr de phròiseact dùblachaidh an A9;
- faigh na cothroman as motha do ghnìomhachasan, coimhearsnachdan agus luchd-tadhail bhon phròiseact gus an A9 a dhùblachadh.

## Gealltanasan a' Phlana

### Gealltanasan àrd-ìre

Chuir Bòrd na Gàidhlig fios gu Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh air 3 Màrt 2017 mu na h-amasan àrd-ìre a chomharraich iad a bha iad airson fhaicinn anns a' Phlana Ghàidhlig ùraichte againn. Chaidh na h-amasan àrd-ìre aontachadh le Bòrd na Gàidhlig agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam is Sgìlean. Tha na gealltanasan àrd-ìre seo a' cumail taic ris a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig làithreach agus ri builean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba (td19).

Tha earr-ràdh 1 (td 24) a' cur an cèill nam builean a tha air am moladh, cleachdadh làithreach agus an ceann-latha mar targaid airson gach amas.

### Gealltanasan a thaobh bun-tomhasan seirbheis

Tha e fìor chudromach do dh'ath-nuadhachadh a' chànain gum bi suidheachaidhean iomchaidh ann far an gabh Gàidhlig a cleachdadh san t-saoghal phoblach. Tha Bòrd na Gàidhlig air còig prìomh raointean a chomharrachadh far a bheilear a' libhrigeadh sheirbheisean agus e ag iarraidh air ùghdarrasan poblach ealla a ghabhail ris na raointean sin nuair a tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, agus tha e air nithean, dleastanasan no gnìomhan a bhuineas ris gach raon a chomharrachadh a dh'fhaodadh iad gabhail

Tha earr-ràdh 2 (td 35) a' cur an cèill nam builean a tha air am moladh, cleachdadh làithreach agus an ceann-latha mar targaid airson gach prìomh raon libhrigidh seirbheis.

Raon	Dleastanas
<b>Faicsinneachd</b>	an suaicheantas corporra air  soidhnichean
<b>Luchd-obrach</b>	a' sanasachd obraichean  a' fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig  Ag ionnsachadh na Gàidhlig  Trèanadh mothachaidh Gàidhlig  a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach agus ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne
<b>Gnìomhan làitheil</b>	seirbheis fòn  conaltradh sgrìobhte  foirmean  seirbheisean 'loidhne toisich' dhan phoball  coinneamhan poblach
<b>Conaltradh</b>	meadhanan agus dàimh poblach  stuthan clò-bhuailte  làrach-lìn is meadhanan sòisealta  tachartasan agus taisbeanaidhean
<b>Corpas</b>	lean Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)  a' cleachdadh ainmean-àite ceart  ìrean eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh

## Buileachadh agus Sgrùdadh

### Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh an ama seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhìth air agus cuiridh sinn do Bhòrd na Gàidhlig e airson aonta. Ann an Gealltanasan a' Phlana, tha sinn air cinn-latha a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil gealltanasan sònraichte a chur an gnìomh.

### A' foillseachadh a' Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig mu dheireadh aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh fhoillseachadh gu dà-chànanach air [www.cairngorms.co.uk](http://www.cairngorms.co.uk).

### Sanasachd airson a' Phlana

#### Air an taobh a-muigh

- cuir a-mach fios naidheachd ag ainmeachadh a' Phlana
- broснаich e tro na seanailean againn sna meadhanan sòisealta
- bidh am Phlana ri fhaighinn sna h-oifisean poblach againn agus anns na h-ionadan fàilte againn
- bidh am Plana ri fhaighinn air an làraich-lìn againn
- cuiridh a-mach lethbhreacan a rèir iarrais

#### A' cur fios gu buidhnean eile

- cuir ceangail-lìn dhan Phlana gu Buidhnean Poblach Neo-roinneil, buidhnean gnìomha, luchd-ionaid agus cunnraidairean
- sgaoil ceanglaichean mun Phlana do na buidhnean com-pàirteachaidh ann

am buidhnean com-pàirteachais ann am Plana Com-pàirteachais na Pàirce Nàiseanta

- cuir ceanglaichean dhan Phlana do bhuidhnean Gàidhlig
- cuiridh sinn ceanglaichean dhan Phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis

#### Air an taobh a-staigh

- dèan cinnteach gum bi fios aig luchd-obrach is buill a' bhùird mun phlana
- co-roinn an aithisg-adhartais bhliadhnail agus plana-gnìomha leis an luchd-obrach agus na buill bhòrd uile

### Goireasachadh a' Phlana

Bidh gnìomhachdan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air an goireasachadh tro bhuidheatan a thathar ag aontachadh gach bliadhna. Nì sinn iarrais do bhuidhnean maoineachaidh iomchaidh agus cur ris na cosgaisean airson nithean sònraichte far an gabh seo dèanamh.

### A' sgrùdadh a' Phlana

Mar phàirt de bhith measadh cur an gnìomh a' phlana, nì sinn lèirmheas bliadhnail air a' Phlana, ag aithris air cho soirbheachail 's a bha cur an Gnìomh a' Phlana.

Thèid na ceistean uile a gheibhear anns a' Ghàidhlig a chlàradh agus a fhreagairt; thèid sùil a chumail air an àireimh de luchd-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus air na feumalachdan trèanaidh aca tro sgrùdadh nan sgilean Gàidhlig, agus gheibh sinn fiosrachadh bho seo a thaobh feumalachdan trèanaidh an luchd-obrach agus cumaidh sinn sùil

air gnìomhachd na Gàidhlig a thaobh na Pàirce anns na meadhanan agus meadhanan sòisealta againn. Gach bliadhna, nì sinn plana-gnìomha cuideachd a bhios a' cur an cèill dè na gnìomhan a bhios a' dol air adhart, cuine agus le cò. Thèid an lèirmheas bliadhnail seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig, dhan luchd-obrach air fad agus do chom-pàirtichean aig a bheil ùidh anns a' chùis agus thèid fhoillseachadh air an làraich-lìn againn. Leanaidh seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean prionnsabalan Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh 2018-22 far a bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach den chùmhnannt.

### **Fios conaltraidh**

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh:

#### **Grant Moir**

##### **Àrd-oifigear**

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

14 a' Cheàrnag

Baile nan Granddach

Moireibh PH26 3HG

Fòn: 01479 870509

Post-d: [grantmoir@cairngorms.co.uk](mailto:grantmoir@cairngorms.co.uk)

Bu chòir ceistean mu obrachadh Phlana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh bho latha gu latha a chur gu:

#### **Francoise van Buuren**

##### **Ceannard a' Chonaltraidh agus a'**

##### **Chom-pàirteachaidh**

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

14 a' Cheàrnag

Baile nan Granddach

Moireibh PH26 3HG

Fòn: 01479 870523

Post-d: [francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk](mailto:francoisevanbuuren@cairngorms.co.uk)



## Earr-ràdh I Gealltanasan Àrd-ìre

Gealltanas Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Tron phlana air fad</b>	<p>Tha na gealltanasan uile bhon chiad Phlana Ghàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a tha fhathast taobh a-staigh raon ùghdarras na buidhne nam pàirt den phlana seo cuideachd</p> <p>Bidh seirbheisean is goireasan Gàidhlig a' toirt spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla</p> <p>Thèid na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile a bhrosnachadh is thairgse gu gnìomhach</p> <p>Tha sùil ga cumail air ìre cleachdaidh nan goireasan is seirbheisean Gàidhlig agus thèid barrachd sanasachd a dhèanamh orra mura eil iad air an cleachdadh mòran</p>	<p>Faic na h-Aithisgean Adhartais againn air a' Phlana Ghàidhlig</p> <p>Tha seirbheisean Gàidhlig air an libhrigeadh agus air an tomhas a rèir nan ìrean coileanaidh aontaichte againn</p> <p>Tha seirbheisean Gàidhlig air am brosnachadh air na duilleagan-lìn corporra againn</p> <p>Bithear a' cumail sùil air seirbheisean agus gnìomhan Gàidhlig agus thèid aithris a dhèanamh orra gach bliadhna</p>	<p>Tha na gealltanasan uile bhon chiad Phlana Ghàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a tha fhathast taobh a-staigh raon ùghdarras na buidhne nam pàirt den phlana seo cuideachd agus bithear ag aithris orra seo gach bliadhna</p> <p>Gheibh luchd-obrach na h-oifis a tha ag obair leis a' phoball trèanadh gach bliadhna agus stiùireadh mu bhith a' dèiligeadh ri ceistean anns a' Ghàidhlig (fàilteachas, fòn, post-d, post, foirmean, coinneamhan poblach, gearanan), gus freagairt taobh a-staigh nan amannan is ìrean àbhaisteach, a bhith a' dèiligeadh ris a' Ghàidhlig le spèis cho-ionann, agus gus na seirbheisean a bhrosnachadh agus gus sùil a chumail air an ìre chleachdaidh</p> <p>Cuir ris a' chleachdadh den t-suaicheantas dhà-chànanach againn agus de Bhrann na Pàirce, ris an làthaireachd againn sa Ghàidhlig anns na meadhanan/meadhanan sòisealta, ann am foillseachaidhean corporra, air an làraich-lìn againn, air na stuthan taic againn, aig tachartasan</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Bliadhna</p> <p>Leantainneach</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Seirbheisean Poblach</b>	<p>Tha taic Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaigh Ruaidh gu bhith air a bhrosnachadh le com-pàirtichean ann an Plana Com-pàirteachais na Pàirce</p> <p>Bidh comhairle agus stiùireadh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaigh Ruaidh a' cur ri buinteanas cultarail, cànanach agus sòisealta sa Phàirc tro bhith a' dèanamh barrachd conaltradh anns a' Ghàidhlig leis a' phoball, buidhnean foghlaim agus buidhnean com-pàirteachaidh</p>	<p>Thèid am Plana Gàidhlig againn agus an aithisg adhartais againn fhoillseachadh air an làraich-lìn againn, le cunntasan air adhartas anns an lèirmheas bhliadhnail againn</p> <p>Tha comhairle/stiùireadh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaigh Ruaidh air a thoirt seachad airson gnìomhachasan agus coimhearsnachdan mu bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr de bhrann na Pàirce agus gus cur ri faicsinneachd/cleachdadh na Gàidhlig le fòcas air buidhnean a tha ag obair le luchd-tadhail</p>	<p>Coimhead air cothroman le com-pàirtichean air mar a dh'fhaodadh am Plana Gàidhlig againn taic a thoirt do prìomhachasan nàiseanta is ionadail, a' gabhail a-steach Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaigh Ruaidh</p> <p>Tha earrann mu Ghàidhlig mar Stòras air an làraich-lìn againn agus tha seo air a bhrosnachadh tron iomairt 'Make it Yours', tha comhairle phearsanta agus stiùireadh ri fhaighinn le fòcas air àiteachan air am bi tòrr dhaoine a' tadhal</p>	<p>Coinneamhan sgrùdaidh CNPPP</p> <p>Bhon Fhoghar 2018 air adhart</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dh'ìth	Ceann-latha mar targaid
<p><b>Seirbheisean Poblach</b></p>	<p>Thèid brandd na Pàirce a dhèanamh dà-chànanach, a' nochdadh spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig is dhan Bheurla, cho luath sa gheibhear cothrom tro ath-bhrannadh/ùrachadh</p> <p>Barrachd faicsinneachd/inbhe aig a' Ghàidhlig air feadh na Pàirce le fòcas air:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• slighean-coiseachd/toglaichean/ionadan air am bi mòran dhaoine a' tadhal</li> <li>• ionadan/toglaichean le inbhe àrd</li> <li>• slighean coiseachd/toglaichean/ionadan air am bi sgoiltean a' tadhal gu tric</li> <li>• ceistean anns an t-suirbhidh aig VisitScotland mun Ghàidhlig agus a cultar</li> </ul>	<p>Chaidh brandd Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ùrachadh gus cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus chaidh stiùireadh a chur air dòigh</p> <p>Tha ceistean anns an t-suirbhidh aig VisitScotland mun Ghàidhlig agus a cultar</p>	<p>Tha a' Ghàidhlig gu bhith mar phàirt den taic is comhairle airson pròiseact 'Great Place' Bhàideanach</p> <p>Cruthaich tionndadh Gàidhlig de brandd na Pàirce agus de stiùireadh air seo, agus cùm sùil air an ìre chleachdaidh</p> <p>Thèid na toraidhean suirbhidh a chleachdadh ann an obair pròiseict airson Gàidhlig mar Stòras - thèid ceistean mun Ghàidhlig agus a cultar a chur ri suirbhidhean luchd-tadhail aig tachartasan far a bheil làthaireachd aig a' Ghàidhlig</p>	<p>Bho 2018</p> <p>Foghar 2018</p> <p>Bhon Foghar 2018 air adhart</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<p><b>Dachaigh agus Trath-bhliadhnaichean</b></p>	<p>Cuir air adhart a' Phàirc Nàiseanta mar ghoireas airson ionnsachadh a-muigh airson ionnsachadh teaghlaich tron Ghàidhlig</p> <p>Cuir aghaidh air na bacaidhean a tha ro theaghlaichean le Gàidhlig agus clann ro-sgoile le Gàidhlig le bhith a' gabhail pàirt sa Phàirc Nàiseanta</p>	<p>Thèid a' bhileag mu ainmean-àite Gàidhlig a sgaoileadh air feadh na pàirce</p> <p>Tha Duais Iain Muir ri faighinn sa Ghàidhlig</p> <p>Thoir comhairle do chom-pàirtichean mu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh feartan sònraichte den Phàirce far a bheil sin comasach (m.e. slighe turasachd nan Rathaidean Sneachda)</p>	<p>Cruthaich cothroman do luchd-tadhail/teaghlaichean gus eòlas a chur air a' Ghàidhlig anns a' Phàirc (m.e. bileagan nan Ainmean-àite Gàidhlig, mìneachadh, sanasachd agus conaltradh tro stuthan taice, meadhanan sòisealta agus tron làraich-lìn againn)</p> <p>Brosnaich agus cùm taic ri Duaisean Iain Muir dhan teaghlach tron Ghàidhlig</p>	<p>Gach bliadhna</p> <p>Leantainneach</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dh'ìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Foghlam</b>	<p>Tha cothrom aig clann-sgoile ionnsachadh mun phàirc tro mheadhan na Gàidhlig</p> <p>Tha a' chlann-sgoile air fad a' faighinn fios mu dhualchas Gàidhlig na Pàirce (tro chom-pàirtichean)</p> <p>Barrachd comas gus seirbheisean Gàidhlig a libhrigeadh tro phrògraman foghlaim, stòrasan ionnsachaidh agus rannsachadh - cùm sùil air an ìre cleachdaidh agus dèan barrachd sanasachd orra mur eil iad air an cleachdadh mòran</p> <p>Tha togail aire mun Ghàidhlig agus sgilean cànan mar phàirt den obair aig sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh</p> <p>Sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh is sgioba foghlaim Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean gu bhith a' libhrigeadh pròiseact (an) foghlaim còmhla</p>	<p>Thèid postairean agus cairtean-puist sanasachd mun Phàirc anns a' Ghàidhlig a sgaoileadh do gach sgoil anns a' Phàirc agus do gach sgoil tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba</p> <p>Brosnaich goireasan Duais Iain Muir anns a' Ghàidhlig anns a' Phàirc tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh</p> <p>Taic, tro eadar-obrachadh le LEADER LAG, airson pròiseact Spòrs Gàidhlig aig Comunn na Gàidhlig, a' cruthachadh comas airson farsaingeachd de thachartasan gnìomhach a-muigh anns a' Ghàidhlig agus cùrsaichean dualchais Ghàidhlig</p>	<p>Obraich le sgioba foghlaim Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean gus pròiseact(an) foghlam a libhrigeadh</p> <p>Tha togail aire mun Ghàidhlig agus sgilean cànan mar phàirt den obair aig sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh</p> <p>Cruthaich cleachdaidhean obrach soilleir le com-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh a tha a' comharrachadh buntainneachd na Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta agus aontaich air dòighean anns am faod Gàidhlig a bhith mar phàirt de dh'obair nan chom-pàirtichean le buidhnean foghlaim</p> <p>Dèan obair chom-pàirteachaidh le buidhnean foghlaim a tha a' cleachdadh na Gàidhlig a tha ag obair anns a' Phàirc Nàiseanta gus ionnsachadh bhuapa agus gus an obair aca a bhrosnachadh</p> <p>Cùm sùil air ìre cleachdaidh nan goireasan foghlaim againn agus ùraich iad gu cunbhlalach, dèan barrachd sanasachd air a' Ghàidhlig far nach eil an ìre cleachdaidh àrd</p> <p>Lean oirnn le brosnachadh goireasan Duais Iain Muir anns a' Ghàidhlig anns a' Phàirc tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh</p>	<p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>2022</p> <p>Bho 2018</p> <p>Aithisg Adhartas bhliadhnail</p> <p>Leantainneach</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Coimhearsnachd</b>	<p>Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' neartachadh choimhearsnachdan agus a' toirt cumhachd dhaibh gus an dualchas aca fhèin a thuigsinn agus a bhith a' cur ris an fhaireachdainn aca gu bheil buntainneas aca ris an sgìre le bhith a' toirt a-steach na Gàidhlig ann am pròiseactan coimhearsnachd</p> <p>Bidh an àireamh de phròiseactan a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig ag àrdachadh thar ùine</p> <p>Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' toirt taic do, agus a' brosnachadh, cleachdadh na Gàidhlig mar chànan beò taobh a-staigh na Pàirce</p> <p>Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' glèidheadh dualchas na Pàirce airson an àm ri teachd le bhith a' cumail taic ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig</p>	<p>Taic, tro eadar-obrachadh le LEADER LAG, airson pròiseact Spòrs Gàidhlig aig Comunn na Gàidhlig, a' cruthachadh comas airson farsaingeachd de thachartasan gnìomhach a-muigh anns a' Ghàidhlig agus cùrsaichean dualchais Ghàidhlig</p> <p>Thèid Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt de dh'iarrrtas Frèam-obrach nan Capall-coille</p> <p>Gàidhlig ga cleachdadh mar phàirt de Phròiseact Cruth-tìre Thom an t-Sabhail agus Ghleann Liobhaidh</p> <p>Tha Gàidhlig ga cleachdadh mar phàirt de phròiseact slighe turasachd nan Rathaidean Sneachda</p> <p>Thèid a' bhileag mu ainmean-àite Gàidhlig a sgaoileadh air feadh na pàirce</p>	<p>Cuir ri cleachdadh an t-suaicheantais chorporra dhà-chànanach agus de bhrannnd dhà-chànanach na Pàirce, agus ris an àireimh de chompanaidhean aig a bheil cead am brannnd a chleachdadh</p> <p>Dèan ath-sgrùdadh air na soidhnichean dà-chànanach anns na h-oifisean corporra againn</p> <p>Nochdaidh na rudan a leanas co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla: dearbh-aithne/suaicheantas corporra, ceann-litreach, soidhnichean aig oifisean Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, fiosrachadh 'Mun Ùghdarras' air an làraich-lìn againn</p> <p>Luchd-obrach comasach air dèiligeadh ri ceistean (fàilteachas, fòn, post-d, post, foirmean, coinneamhan poblach, gearanan) anns a' Ghàidhlig agus a' freagairt taobh a-staigh nan slatan-tomhais àbhaisteach - broснаich agus cùm sùil air an ìre cleachdaidh agus thoir trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach oifis a bhios ag obair leis a' phoball gach bliadhna</p>	<p>Leantainneach</p> <p>An t-luchar 2018</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach / bliadhnail</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dh'ith	Ceann- latha mar targaid
Coimhearsnachd		Trèanadh mothachaidh Gàidhlig do bhuidhnean is gnìomhachasan ionadail a tha airson Gàidhlig a bhrosnachadh	Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig tron obair dhàimh meadhanan, meadhanan sòisealta, foillseachaidhean corporra, agus air an làraich-lìn againn agus anns na stuthan taice againn aig tachartasan	Leantainneach
		Taic agus comhairle do bhuidhnean is gnìomhachasan ionadail a tha airson Gàidhlig a bhrosnachadh	Lean oirnn le bhith a' dèanamh agus a' sgaoileadh na bileig mu ainmean-àite agus a bhith a' cur ri eòlas mu ainmean-àite Gàidhlig ann an, agus faisg air, a' Phàirc gus cur ri tuigse air cleachdadh an fhearainn san àm a dh'fhalbh agus gus cleachdadh fearainn san àm ri teachd a threòrachadh	Leantainneach
		Brosnaich goireasan Duais Iain Muir anns a' Ghàidhlig anns a' Phàirc tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh	Cuir trèanadh mothachaidh Gàidhlig air dòigh airson gnìomhachasan is buidhnean coimhearsnachd ionadail gach dà bhliadhna	2018, 2020, 2022
		Dèan sanasachd airson seirbheisean corporra aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a tha rim faighinn anns a' Ghàidhlig ma thèid an iarraidh	Dèan obair chom-pàirteachaidh le buidhnean Gàidhlig coimhearsnachd a tha ag obair anns a' Phàirc Nàiseanta gus ionnsachadh bhuapa agus gus an obair aca a bhrosnachadh	Leantainneach
		Chaidh còig obraichean ùra a shanasachd far an robh sgilean Gàidhlig nam buannachd tro 2017	Brosnaich taic do choimhearsnachdan ionadail gus barrachd pròiseactan a libhrigeadh a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig	Leantainneach



Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
Coimhearsnachd		Thèid am Plana Gàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus aithisgean adhartais bhliadhnail fhoillseachadh air <a href="http://www.cairngorms.co.uk">www.cairngorms.co.uk</a> agus thèid an sanasachadh anns an Lèirmheas Bliadhnail againn		
Àite-obrach	<p>Prògram sgilean Gàidhlig agus trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a chur an gnìomh airson an luchd-obrach/bòrd air fad</p> <p>Thèid sanasachd a dhèanamh airson Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gu cunbhalach</p> <p>Àrdachaidh an comas aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh gus seirbheisean/conaltradh a thoirt seachad sa Ghàidhlig mar thoradh air poileasaidhean trèanaidh is fastaidh</p> <p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a chur air dòigh mor phàirt den trèanadh inntrigidh do mhaoir-dhùthcha agus saor-thoilich</p>	<p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a thairgse dhan luchd-obrach/bòrd air fad agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig air aithneachadh tro mheasaidhean luchd-obrach</p> <p>Thèid sanasachd a dhèanamh airson trèanadh Gàidhlig a tha ri fhaighinn taobh a-muigh na buidhne agus bithear a' brosnachadh a' bhùird agus an luchd-obrach gus pàirt a ghabhail ann</p> <p>An aithisg adhartais air a' Phlana Ghàidhlig agus am plana-gnìomha air an co-roinn leis an luchd-obrach uile agus air am foillseachadh air an làraich-lìn gach bliadhna (san luchar)</p>	<p>Thèid trèanadh mothachaidh Gàidhlig a thairgse dhan luchd-obrach agus dhan bhòrd gach bliadhna</p> <p>Gheibh luchd-obrach oifis a tha ag obair leis a' phobail trèanadh mothachaidh Gàidhlig gach bliadhna (còmhla ri luchd-obrach Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean) agus stiùireadh mu bhith a' dèiligeadh ri ceistean bho luchd-labhairt na Gàidhlig airson an luchd-obrach uile</p> <p>Dèan sanasachd airson cothroman trèanaidh a thathar a' tairgse taobh a-muigh na buidhne agus brosnachadh luchd-obrach is buill a' bhùird na cothroman sin a ghabhail</p> <p>Dèan lèirmheas air soidhnichean dà-chànanach taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan oifisean corporra againn</p>	<p>Bliadhnail</p> <p>Leantainneach</p> <p>An t-luchar 2018</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Àite-obrach</b>		<p>Chaidh poileasaidh fastaidh a chur air dòigh agus chaidh ceithir obraichean a shanasachd ann an 2017 far an robh sgilean Gàidhlig nam buannachd</p> <p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a thairgse do na maoir-dhùthcha uile a tha ag obair anns a' Phàirc</p> <p>Sgrùdadh bliadhnail air mothachadh Gàidhlig am measg an luchd-obrach</p>	<p>Lean oirnn leis a' phoileasaidh fastaidh againn a tha ag aithneachadh na Gàidhlig mar nì feumail no riatanach a rèir nàdar na dreuchd - ma tha comas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh na riatanas obrach, thèid feart iomchaidh a thoirt dhan chomas cànan agus thèid a shanasachadh gu dà-chànanach</p> <p>Mar phàirt den Ro-innleachd Fastadh Òigridh, cuiridh sinn pròiseact Gàidhlig air dòigh, a thèid a thairgse mar inntearnas trì mìosan do dh'oileanach (is dòchas gach dà bhliadha)</p> <p>Cuir trèanadh mothachaidh Gàidhlig air dòigh mar phàirt den trèanadh inntrigidh do mhaoir-dhùthcha shaor-thoilich/saor-thoilich</p> <p>Thoir stiùireadh do luchd-obrach gus an cuideachadh gus cur ris a' Ghàidhlig a bhios iad a' cleachdadh san obair làitheil aca</p> <p>Sgrùdadh bliadhnail air mothachadh Gàidhlig am measg an luchd-obrach</p> <p>Mìos mothachaidh na Gàidhlig gu bhith ann gach bliadhna gus am bi barrachd fios aig daoine mun Phlana Ghàidhlig agus gus brosnachadh a thoirt don luchd-obrach a thaobh na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>2018, 2020, 2022</p> <p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>Bliadhnail</p> <p>Bho 2018</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<b>Àite-obrach</b>			<p>Na h-aithisgean adhartais bliadhnail gu bhith air an sanasachd dhan luchd-obrach agus dhan bhòrd againn agus gu bhith air am foillseachadh air an làraich-lìn againn agus anns an Lèirmheas Bhliadhnail againn</p> <p>Ullaich plana-gnìomha bliadhnail agus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh</p>	<p>Bliadhnail</p> <p>Bliadhnail</p>
<b>Ealain, Cultar is Dualchas</b>	<p>Bidh luchd-tadhail dhan Phàirc ga fàgail le barrachd fios aca mun Ghàidhlig an dà chuid mar chànan beò sa Phàirc agus mar phàirt den dualchas aice</p> <p>Cuiridh pròiseactan com-pàirteachaidh ri cleachdadh is làthaireachd na Gàidhlig ann an ealain, cultar agus dualchas na Pàirce</p> <p>Ag obair còmhla ri Oifigear Ealain/Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail a' cur air adhart/a' cur ri ealain is cultar na Gàidhlig anns a' Phàirc</p>	<p>Tha Gàidhlig ga cleachdadh mar phàirt de dh'iarrrtas Frèam-obrach nan Capall-coille</p> <p>Gàidhlig ga cleachdadh mar phàirt de Phròiseact Cruth-tìre Thom an t-Sabhail agus Ghleann Lìobhait</p> <p>Tha Gàidhlig ga cleachdadh mar phàirt de phròiseact slighe turasachd nan Rathaidean Sneachda</p> <p>Thèid a' bhileag mu Ainmean-àite Gàidhlig a chlà-bhualadh a-rithist agus a' sgaoiladh air feadh na Pàirce</p>	<p>A' leantainn oirnn le bhith a' toirt seachad stuthan le branndadh Gàidhlig airson tachartasan, agus fiosrachadh mun àite aig a' Ghàidhlig ann an dualchas agus eachdraidh na Pàirce airson tachartasan</p> <p>A' toirt seachad comhairle agus stiùireadh air cothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh a chuireas ri a faicsinneachd air feadh na Pàirce, le fòcas air àiteachan a tha tarraingeach do luchd-tadhail agus àiteachan fiosrachaidh</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

Gealltanais Àrd-ìre	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<p><b>Ealain, Cultar is Dualchas</b></p>	<p>Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ag obair le com-pàirtichean gus a' Ghàidhlig àbhaisteachadh ann an turasachd chultarach is dualchais</p> <p>Togaidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus a chom-pàirtichean aire mu luach eaconamach na Gàidhlig do sgìre na Pàirce agus cleachdaidh iad seo gus fàs eaconamach a chur air adhart san sgìre</p> <p>Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' cleachdadh dàta bho VisitScotland agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus cur ris an tuigse den luach a tha luchd-tadhail a' cur anns a' Ghàidhlig agus a dualchas anns a' Phàirc</p> <p>Iarr beachdan air a' Ghàidhlig mar phàirt de shuirbhidhean do luchd-tadhail</p>	<p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig airson buidhnean coimhearsnachd agus gnìomhachasan ionadail</p> <p>Taic agus comhairle do bhuidhnean is gnìomhachasan ionadail a tha airson Gàidhlig a bhrosnachadh</p> <p>Stuthan taic anns a' Ghàidhlig airson tachartasan</p> <p>Brosnaich goireasan Duais Iain Muir anns a' Ghàidhlig anns a' Phàirc tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh</p> <p>Thèid postairean agus cairtean-puist sanasachd mun Phàirc anns a' Ghàidhlig a sgaoileadh do gach sgoil anns a' Phàirc agus do gach sgoil tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba</p> <p>Brannd na Pàirce air ùrachadh gus cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus stiùireadh air a chur air dòigh</p>	<p>Obair còmhla ri Oifigear Ealain/Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail gus ealain is cultar na Gàidhlig a chur air adhart anns a' Phàirc; m.e. cruthaich bileag no goireas air-loidhne coltach ri bileag nan Ainmean-àite Gàidhlig</p> <p>Obraich le Oifigear Margaidheachd Gàidhlig VisitScotland gus cothroman a chruthachadh gus eòlas a chur air a' Ghàidhlig taobh a-staigh na Pàirce</p> <p>Obraich còmhla ri lomairt na Gàidhealtachd gus Gàidhlig mar Stòras a bhrosnachadh tron làraich-lìn airson buidhnean com-pàirteachaidh, gnìomhachasan ionadail agus buidhnean foghlaim às am faigh iad cleachdadh is buannachd</p> <p>Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig tron obair dhàimh meadhanan, meadhanan sòisealta, foillseachaidhean corporra, agus air an làraich-lìn againn agus anns na stuthan taice againn aig tachartasan</p>	<p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>Leantainneach</p>

## Earr-ràdh 2 Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis

Priomh Raon Libhrigidh Seirbheis	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<p><b>Faicsinneachd</b> Aithne Chorporra Soidhnichean</p>	<p>Barrachd cleachdadh den t-suaicheantas dhà-chànanach na Pàirce agus barrachd chompanaidhean le cead gus am brand a chleachdadh</p> <p>Cuir ris an uiread de shoidhnichean dà-chànanach taobh a-muigh is taobh a-staigh nan oifisean againn</p>	<p>Suaicheantas dà-chànanach Ughdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh air ùrachadh gus spèis cho-ionann a shealltainn</p> <p>Brannd na Pàirce air ùrachadh gus cur ri faicsinneachd na Gàidhlig</p> <p>Stiùireadh air a chur air dòigh agus brannd na Pàirce air a bhrosnachadh tron iomairt 'Make it Yours'</p> <p>Ochd soidhnichean Gàidhlig air an taobh a-muigh ann</p>	<p>Aontaich ath-sgrùdadh a dhèanamh air dearbh-aithne dà-chànanach na Pàirce gus co-ionannachd spèis a shealltainn dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla cho luath 's a bhios cothrom ann seo a dhèanamh nuair a thèid ath-bhrannadh/ùrachadh a dhèanamh (cha tachair ath-bhrannadh/ùrachadh rè ùine a' Phlana)</p> <p>Cruthaich tionndadh Gàidhlig de dhearbh-aithne brannd na Pàirce agus de stiùireadh air seo, agus cùm sùil air an ìre chleachdaidh</p> <p>Dèan ath-sgrùdadh air na soidhnichean dà-chànanach anns na h-oifisean corporra againn</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Foghar 2018</p> <p>An t-luchar 2018</p>
<p><b>Luchd-obrach</b> A' sanasachd obraichean A' fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig Ag ionnsachadh na Gàidhlig Trèanadh mothachaidh Gàidhlig Cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach Conaltradh air an taobh a-staigh</p>	<p>Tha fios aig an luchd-obrach uile mar bu chòir dhaibh dèiligeadh ri ceist sam bith a gheibh iad anns a' Ghàidhlig</p> <p>Tha an luchd-obrach nas mothachaile air a' Ghàidhlig, tha barrachd luchd-obrach ag ionnsachadh na Gàidhlig agus tha sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach</p>	<p>Stiùireadh ann dhan luchd-obrach</p> <p>Seirbheisean eadar-theangachaidh air an cur air dòigh</p> <p>Poileasaidh fastaidh air a chur air dòigh</p> <p>Trèanadh mothachaidh agus stiùireadh air an cur air dòigh</p> <p>Sgrùdadh bliadhna air luchd-obrach</p>	<p>Trèanadh is stiùireadh gu bhith air a leasachadh airson an luchd-obrach is bòrd air fad</p> <p>Cuir trèanadh mothachaidh Gàidhlig air dòigh mar phàirt den trèanadh inntigidh do mhaoir-dhùthcha shaor-thoilich/saor-thoilich eile</p> <p>Mios mothachaidh na Gàidhlig gus aire a thogail mun Ghàidhlig agus gus daoine a bhrosnachadh mun chànan</p> <p>Ro-innleachd Fastadh Òigridh gu bhith a' cur pròiseact air dòigh a thèid a tairgse mar inntearnas do sgoilear Gàidhlig fad trì mìosan (is dòcha gach dà bhliadhna)</p>	<p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>2018, 2020, 2022</p>

Prìomh Raon Libhrigidh Seirbheis	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
<p><b>Gnothaichean làitheil</b></p> <p>Seirbheis fòn</p> <p>Conaltradh sgrìobhte</p> <p>Foirmean</p> <p>Seirbheisean Poblach 'Loidhne Toisich'</p> <p>Coinneamhan Poblach</p>	<p>Tha fios aig an luchd-obrach uile mar bu chòir dhaibh dèiligeadh ri ceist sam bith a gheibh iad anns a' Ghàidhlig</p> <p>'S urrainn dhan luchd-obrach uile cur ris a' Ghàidhlig a chleachdas iad san obair làitheil aca</p>	<p>Stiùireadh ann dhan luchd-obrach</p> <p>Seirbheisean eadar-theangachaidh air an cur air dòigh</p> <p>Poileasaidh fastaidh air a chur air dòigh Ochd soidhnichean Gàidhlig air an taobh a-muigh ann</p> <p>Trèanadh mothachaidh agus stiùireadh air an cur air dòigh</p> <p>Sgrùdadh bliadhnaile air luchd-obrach</p>	<p>Trèanadh is stiùireadh gu bhith air a leasachadh airson an luchd-obrach air fad</p> <p>Thoir stiùireadh do luchd-obrach gus an cuideachadh gus cur ris a' Ghàidhlig a chleachdas iad san obair làitheil aca</p> <p>Cuir trèanadh mothachaidh Gàidhlig air dòigh mar phàirt den trèanadh inntrigidh do mhaoir-dhùthcha shaor-thoilich / saor-thoilich eile</p>	<p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p> <p>Bho 2018</p>
<p><b>Conaltradh Meadhanan agus Dàimh Poblach</b></p> <p>Stuth Clò-bhuailte</p> <p>Làrach-lìn is Meadhanan Sòisealta</p> <p>Tachartasan agus Taisbeanaidhean</p>	<p>Cleachd barrachd Gàidhlig tro na meadhanan, dàimh poblach, stuthan clò-bhuailte, làrach-lìn, meadhanan sòisealta, tachartasan agus taisbeanaidhean</p>	<p>Na fiosan naidheachd uile air an cur gu BBC Alba</p> <p>'Tweet na seachdain' sa Ghàidhlig gach seachdain</p> <p>Tha facal-toisich Gàidhlig anns na sgrìobhainnean corporra uile againn</p> <p>Tha am Plana Gàidhlig againn agus an aithisg adhartais againn air am foillseachadh air an làrach-lìn agus anns an Lèirmheas Bhliadhnaile againn</p>	<p>Lean oirnn le bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig tron obair dhàimh meadhanan, meadhanan sòisealta, foillseachaidhean corporra, agus air an làrach-lìn againn agus anns na stuthan taice againn aig tachartasan</p> <p>Lean oirnn le bhith a' dèanamh agus a' sgaoileadh na bileig mu ainmean-àite agus a bhith a' cur ri eòlas mu ainmean-àite Gàidhlig ann an, agus faisg air, a' Phàirc gus cur ri tuigse air cleachdadh an fhearainn san àm a dh'fhalbh agus gus cleachdadh fearainn san àm ri teachd a threòrachadh</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

Prìomh Raon Libhrigidh Seirbheis	Buil a tha air a mholadh	Cleachdadh làithreach	Gnìomh a dhìth	Ceann-latha mar targaid
		<p>A' Ghàidhlig ga brosnachadh aig tachartasan corporra tro stuthan taisbeanadh anns a' Ghàidhlig</p> <p>Tha Gàidhlig ann an 12 de na duilleagan-lìn corporra</p>	<p>Lean oirnn a bhith a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an dòigh a chuireas ri a faicsinneachd air feadh na Pàirce, le fòcas air àiteachan a tha tarraingeach do luchd-tadhail agus àiteachan fiosrachaidh</p>	Leantainneach
<p><b>Corpas</b> Lean Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) Cleachd ainmean-àite ceart Ìrean eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh</p>	<p>Tha cleachdadh na Gàidhlig le seirbheisean corporra Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh freagarrach, cunbhalach agus a' cleachdadh ainmean-àite ceart a rèir na bileag mu Ainmean-Àite aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh</p>	<p>Tha seirbheisean eadar-theangachaidh proifeiseanta air an cur air dòigh</p> <p>Bileag mu ainmean-àite Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh air a dhèanamh</p>	<p>Lean oirnn le bhith a' dèanamh agus a' sgaoileadh na bileig mu Ainmean-àite Gàidhlig agus a bhith a' cur ri eòlas mu ainmean-àite Gàidhlig ann an, agus faisg air, a' Phàirc gus cur ri tuigse air cleachdadh an fhearainn san àm a dh'fhalbh agus gus cleachdadh fearainn san àm ri teachd a threòrachadh</p>	Leantainneach



## Earr-ràdh 3 In-sgrùdadh air comas cànanain aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

### Am pròifil cànanach aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

- Chaidh sgrùdadh bhliadhnail de sgilean an luchd-obrach uile a dhèanamh bho 2014 (faic td39-40 airson fiosrachadh).
- Chan eil neach-obrach sam bith a' dèanamh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig aig an àm seo. Tha dithis neach-obrach air ùidh a nochdadh ann an trèanadh Gàidhlig ann an 2017, ge-tà. Tha sinn an dùil an trèanadh seo a chur air dòigh dhaibh ann an 2018. Nochd 50% den luchd-obrach ùidh ann a bhith a' cur ris na sgilean mothachaidh Gàidhlig aca agus mar sin, thathar a' moladh gealltanais anns an ath thionndadh seo den Phlana Gàidhlig againn gum bi seo ri fhaighinn gach bliadhna.
- Chaidh sia obraichean a chomharrachadh mar obair far am biodh a' Ghàidhlig na buannachd (faic na tiotalan obrach gu h-ìosal). Cha deach gin a chomharrachadh mar obair far an robh a' Ghàidhlig riatanach.
  1. Oifigear nan Iomairtean
  2. Oifigear Leasachaidh Deireadh-seachdain Mòr an Nàdair
  3. Comhairliche Cruth-tìre
  4. Neach-rianachd Hub Bhealadair
  5. Preantas Rianachd Gnìomhachais
  6. Neach-taic Rianachd

### Seirbheisean no pròiseasan sam bith air an taobh a-staigh a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig

Chan eil seirbheisean no pròiseasan sam bith air an taobh a-staigh air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, is urrainn dhuinn ceistean a gheibh sinn sa Ghàidhlig a fhreagairt tron ionad fàilte, air a' fòn, tro

phost-d no post, foirmean, gearanan; no aig coinneamhan poblach tron Ghàidhlig ma thèid seo iarraidh.

### Liosta a dhèanamh de na stuthan Gàidhlig is dà-chànanach a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach foillseachaidhean, pàipearachd, foirmean agus susbaint air-loidhne

Faic td 40-41 airson barrachd fiosrachaidh.

### Sgrùdadh air soidhnichean Gàidhlig is soidhnichean dà-chànanach a tha ann mar-thà air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh

Tha ochd soidhnichean Gàidhlig a-muigh againn ann am pàirc-chàraichean nan oifisean.

### Sgrùdadh air comasan eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh an ùghdarras, m.e. a bheil luchd-obrach sònraichte aig a' bhuidhinn a bhios a' dèanamh obair eadar-theangachaidh no eadar-mhìneachaidh, agus fios mu thrèanadh no teisteanasan sam bith a th' aca

Tha aonta againn le sgioba Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba gun toirt iad taic dhuinn le ceistean adhoc sam bith a gheibh sinn sa Ghàidhlig gus an urrainn dhuinn dèiligeadh riutha sin taobh a-staigh nan amannan freagairt àbhaisteach againn. Gu ruige seo, fhuair sinn agus dhèilig sinn ri dà cheist a fhuair sinn tron Ghàidhlig. Nuair a tha eadar-theangachadh a dhìth airson obair Ghàidhlig a tha sinn air planadh, thèid seo a dhèanamh le: Global Language Services (oifis Ghlaschu); Alasdair MacLeòid, Facal Language Services; Anna NicSuain, Leòdhas.

## Toradh sgrùdadh sgilean an luchd-obrach 2014, 2015, 2016 agus 2017

Chithear toraidhean sgrùdadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach airson 2014, 2016 agus 2017. Ged nach eil atharrachadh sam bith air a bhith ann san àireamh sa cheud de dhaoine a tha 'fileanta' no 'meadhanach', tha àrdachadh air a bhith ann san àireamh de luchd-obrach a tha ag ràdh gu bheil 'beagan' no 'glè bheag' aca. Tha an àireamh de dhaoine a thuirnt nach robh Gàidhlig sam bith aca air lùghdachadh rud beag.

### An Gearran 2014 - a-mach à 70 luchd-obrach a fhuair suirbhidh

	Chan eil gin	Glè bheag	Beagan	Meadhanach	Fileanta	B' fheàrr leam gun a ràdh
<b>Comas Gàidhlig a leughadh</b>	52 (75%)	16 (23%)	1 (1%)	0	0	1
<b>Comas Gàidhlig a sgrìobhadh</b>	63 (91%)	6 (9%)	0	0	0	1
<b>Comas Gàidhlig a bhruidhinn</b>	55 (82%)	12 (18%)	0	0	0	1
<b>Comas Gàidhlig a thuigsinn</b>	45 (66%)	22 (32%)	1 (1%)	0	0	1

Cha do fhreagair 2 a' cheist mu bhith a' bruidhinn na Gàidhlig (68 luchd-freagairt)

Cha do fhreagair 1 a' cheist mu bhith a' tuigsinn na Gàidhlig (69 luchd-freagairt)

### An Gearran 2015 - a-mach à 68 luchd-obrach

	Chan eil gin	Glè bheag	Beagan	Meadhanach	Fileanta	B' fheàrr leam gun a ràdh
<b>Comas Gàidhlig a leughadh</b>	47 (71%)	17 (26%)	2 (3%)	0	0	2
<b>Comas Gàidhlig a sgrìobhadh</b>	59 (89%)	7 (11%)	0	0	0	2
<b>Comas Gàidhlig a bhruidhinn</b>	52 (79%)	13 (20%)	1 (2%)	0	0	2
<b>Comas Gàidhlig a thuigsinn</b>	40 (61%)	23 (35%)	3 (5%)	0	0	2

### An Gearran 2016 - a-mach à 71 luchd-obrach

	Chan eil gin	Glè bheag	Beagan	Meadhanach	Fileanta	B' fheàrr leam gun a ràdh
<b>Comas Gàidhlig a leughadh</b>	53 (79%)	10 (15%)	1 (1%)	0	0	3
<b>Comas Gàidhlig a sgrìobhadh</b>	60 (90%)	4 (6%)	0	0	0	3
<b>Comas Gàidhlig a bhruidhinn</b>	51 (76%)	12 (18%)	1 (1%)	0	0	3
<b>Comas Gàidhlig a thuigsinn</b>	51 (76%)	12 (18%)	1 (1%)	0	0	3

### An Gearran 2017 - a-mach à 57 luchd-obrach

	Chan eil gin	Glè bheag	Beagan	Meadhanach	Fileanta	B' fheàrr leam gun a ràdh
<b>Comas Gàidhlig a leughadh</b>	44 (77%)	10 (17.5%)	2 (3.5%)	0	0	1 (1.75%)
<b>Comas Gàidhlig a sgrìobhadh</b>	50 (88%)	6 (10.5%)	0	0	0	1 (1.75%)
<b>Comas Gàidhlig a bhruidhinn</b>	47 (82.5%)	9 (16%)	0	0	0	1 (1.75%)
<b>Comas Gàidhlig a thuigsinn</b>	40 (70%)	15 (26%)	1 (1.75%)	0	0	1 (1.75%)

### Cunntas de na stuthan Gàidhlig agus dà-chànanach a tha ann mar-thà Foillseachaidhean

- Monadh Ruadh Gniomhach - Ro-innleachd airson Ruigsinneachd a-muigh
- Bileag Pàirc airson na h-uile
- Goireas Cruthan-tìre a' Mhonaidh Ruaidh (eadar-theangachadh air diofar ainmean-àite)
- Plana Prìomh Shlighean Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- Planaichean Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh 2012-2017 agus 2017-2022

- Bileag le geàrr-chunntas de Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh 2017-2022
- Plana-gnìomha Nàdair a' Mhonaidh Ruaidh
- Bileag geàrr-chunntais air Plana-gnìomha Nàdair a' Mhonaidh Ruaidh
- Lèirmheasan bliadhnaile Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson 2015/16 agus 2016/17 (a' gabhail a-steach Ro-ràdh dà-chànanach agus cunntas air adhartas a' Phlana Ghàidhlig)
- Co-chomhairle air Dreachd Phlana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh 2013-2018 (gu tur dà-chànanach)
- Frèam nam Fèidh airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- Coilltean a' Mhonaidh Ruaidh: Frèam Coilltean Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- Bileag mu ainmean-àite
- Grafaig-fhiosrachaidh: Ar Dualchas is Nàdar air leth
- Grafaig-fhiosrachaidh: Ar Pàirc Nàiseanta air leth
- Grafaig-fiosrachaidh: Air leth airson Luchd-tadhail
- Turasachd: Gnìomh + Atharrachadh - Plana-gnìomha airson Turasachd ann am Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh 2017-2022

#### **Brataichean dà-chànanach**

- Pàirc do na h-uile
- Toradh Ionadail às a' Mhonaidh Ruaidh
- Taisbeanaidhean panorama mu Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh x 3
- 'Powerflags' x 8 airson Deireadh-seachdain Mòr an Nàdair
- Stanndaichean x 8 airson Deireadh-seachdain Mòr an Nàdair
- Duaisean Nàdair nan Tuathanasan
- Grafaig-fiosrachaidh mun Chapall-coille
- Amasan Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh x 1
- Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' Coimhead ris an àm ri teachd x 3
- Brataichean Baile nan Granndach 250 x 5
- Bratach dà-chànanach Baile nan Granndach 250
- Brataichean power Baile nan Granndach 250 x 12

#### **Duilleagan-lìn dà-chànanach**

- Mun Ùghdarras
- Mun Bhòrd/Coinneamhan Bùird
- Goireas Cruathan-tìre a' Mhonaidh Ruaidh (eadar-theangachadh air diofar ainmean-àite)
- Cuir fios thugainn - a' brosnachadh seirbheisean Gàidhlig
- Saorsa Fiosrachaidh is Gearanan
- Planaichean Gàidhlig agus Aithisg Sgrùdaidh
- Foillseachaidhean - bileag mu ainmean-àite
- Freagairt cho-chomhairle air Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba
- A' tadhal air a' Phàirc - bileag mu Ainmean-àite

#### **Eile**

- 450 postair foghlaim agus 700 cairtean-puist foghlaim
- Bidh teisteanasan Duais Iain Muir a' cleachdadh brannd dà-chànanach na Pàirce (còrr is 25,000 dhiubh air an dèanamh)
- Taisbeanadh agus pasganan taic airson iomairt 'Make it Yours'
- 1,000 x padaichean mapa 'reub dheth'





CAIRNGORMS  
NATIONAL PARK AUTHORITY

ÙGHDARRAS PÀIRC NÀISEANTA A'  
MHONaidH RUaidH

Foillsichte le  
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaìdh Ruaidh  
14 A' Cheàrnag  
Baile nan Granndach  
PH26 3HG

Fòn: 01479 873535  
Post-d: [enquiries@cairngorms.co.uk](mailto:enquiries@cairngorms.co.uk)

[www.cairngorms.co.uk](http://www.cairngorms.co.uk)

© Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaìdh Ruaidh  
2018. Gach còir glèidhte.  
ISBN 978-1-906071-89-9